
Cuspair Clàir-ghnothaich	**6**
Àir. Aithisge No	**G/16/26**

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh:	**Gàidhlig**
Ceann-latha:	**18 Samhain 2026**
Tiotal Aithisge:	**Cunntas air Foghlam Gàidhlig**
Aithisg le:	**Iar-Àrd-Oifigear – Daoine**

1.	**Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach** Tha an aithisg seo a' toirt cunntas às ùr mu na leasachaidhean a thachair o chionn ghoirid agus a' bhuaidh a th' aig Foghlam Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd. Tha an aithisg a' toirt cunntas às ùr do Bhuill mu na prìomhachasan is na builean as cudromaiche ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG), a chaidh a choileanadh a thaobh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean. Tha an aithisg a' toirt fiosrachadh agus foir-shealladh air àireamh nan sgoilearan Gàidhlig mar a tha iad an-dràsta air feadh na Gàidhealtachd ann an 2025/26, agus a' toirt fiosrachadh air na thathar a' dèanamh airson cur ris na prìomhachasan ro-innleachdail gus na builean a th' ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) a thoirt air adhart.
2.	**Molaidhean**
2.1	Thathar ag iarraidh air Buill: i. aontachadh gun tèid gabhail ris a' mheudachadh leantainneach a thaobh buileachadh ann am Foghlam Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd; ii. aontachadh gun tèid gabhail ris a' mheudachadh a tha a' tachairt a thaobh àireamh sgoiltean a tha a' lìbhrigeadh Gàidhlig mar C2 no C3, a dh'ionnsaigh na targaide de 70% a chaidh a stèidheachadh le Bòrd na Gàidhlig; agus iii. toirt fa-near dhan ath cheum dhen phròiseact Blasad, a tha a' dol a lìbhrigeadh leasanan do bhun-sgoiltean ann an Sgìre a' Mheadhain is san Sgìre a Deas, tron chom-pàirteachas a th' againn le Fèisgoil.
3.	**Builean**
3.1	Goireas

	Airson na bliadhna-ionmhais 2026/27, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas Tabhartas Sonràichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.379M agus chaidh £940,000 fhaotainn. Tha am maoineachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro TSG fhathast riatanach airson taic a chur ri pròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a lìbhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig. Tha pàirt shusbainteach dhen taic seo a' cur gu dìreach ri leasachadh leantainneach Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI). A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, tha buidseat na Gàidhlig air a neartachadh barrachd tro thairgsean soirbheachail airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG), a' cuideachadh gus cothroman a' buntainn ris a' Ghàidhlig a neartachadh is a leudachadh air feadh sgìre na Comhairle.
3.2	Laghail Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd mar ùghdarras foghlaim brosnachadh is taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.
3.3	Cunnart Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
3.4	Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine). Chan eil cunnartan sam bith ann.
3.5	Gàidhlig Tha dà phrìomhachas ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2024–29 airson Foghlam Gàidhlig: • Lìbhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70% de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarrais. • Leudaich lìbhrigeadh FtG le barrachd chuspairean àrd-sgoile air an toirt seachad, sgoiltean ùra a sheasas leotha fhèin air an cruthachadh, agus solar ùr airson nan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil is àrd-sgoil. Tha am PG againn cuideachd a' gabhail a-steach bhuilean eadar-eisimeileach a' buntainn ri coimhearsnachdan is dachaigh, eaconamaidh, agus cultar is dualchas, gus taic a chur ris na prìomhachasan seo airson Foghlam Gàidhlig.
4.	**Buaidhean**
4.1	Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh na Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan

	Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
4.2	Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach den phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
4.3	'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.
5.	**Cunntas air Gàidhlig 1+2**
	 San t-seisean seo, a' co-obrachadh le Oifigear Gàidhlig 1+2 Earra-Ghàidheal is Bhòid, tha sinn air pròg ram farsaing ullachadh de na thathar a' tabhann airson C2 is C3, gus taic a thoirt do luchd-teagaisg is do chlasaichean de gach aois.
5.1	Tha pròg ram Gàidhlig IPF-D 1+2 na Bun-sgoile a' tabhann measgachadh de leasanan sa chlas, seiseanan beò air-loidhne agus cothroman air cànanan ionnsachadh às dèidh na sgoile do sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd. A' togail air soirbheas pròiseact poidhleit na bliadhna an-uiridh ann an Cataibh, tha Fèisgoil a' leantainn leis a' chom-pàirteachas a th' aca leinn tro bhith a' lìbhrigeadh leasanan sa chlas ann am bun-sgoiltean ann an Sgìre a' Mheadhain. Chan eil na sgoiltean seo a' tabhann Gàidhlig an-dràsta mar chànan a bharrachd, agus thathar an dòchas, tro bhith a' gabhail pàirt sna clasaichean seo, gun cuidich seo gus a' Ghàidhlig a stèidheachadh mar phàirt den t-solar cànain 1+2 aca, agus gum misnich e iad a thaobh a bhith a' gabhail pàirt sna clasaichean air-loidhne againn san àm ri teachd. Tha luchd-teagaisg bho air feadh na Gàidhealtachd a' cumail orra gu misneachail, an dà chuid leis na seiseanan beò air-loidhne agus leis na seiseanan IPF-D às dèidh na sgoile. Tha e gu h-àraid misneachail a bhith a' faicinn luchd-teagaisg a' tilleadh gus pàirt a ghabhail anns na seiseanan beò, cuide ri com-pàirtichean ùra bho sgoiltean Gàidhlig

	C3. Tha sinn cuideachd air fàilte a chur air luchd-teagaisg bho sgoiltean nach eil air Gàidhlig a lìbhrigeadh mar phàirt de na tha iad a' tabhann a thaobh chànanan 1+2, is iad ag aithneachadh nam buannachdan a tha na seiseanan seo a' toirt seachd a thaobh a bhith ag ionnsachadh cànan, agus cuideachd na cothroman leasachaidh a th' ann a thaobh na tuigse a th' aca fhèin air eòlas-teagaisg èifeachdach co-cheangailte ri bhith a' teagasg chànanan. Tha gach seisean ionnsachadh-cànain a th' air a chumail às dèidh na sgoile air a chlàradh agus ri fhaotainn às dèidh làimhe, a' toirt goireas luachmhor fèin-ionnsachaidh do luchd-teagaisg nach urrainn a bhith an làthair. Tha na seiseanan beò cuideachd a' toirt chothroman do chom-pàirtichean ceistean fhaighneachd agus taic fhaighinn mar a tha cùisean a' nochdadh. Cuideachd, tha an t-Oifigear Gàidhlig 1+2 an-dràsta a' toirt taic dhan aonad Ghàidhlig ann am Bun-sgoil an Àth Leathainn tro sheiseanan còmhraidh air-loidhne a th' air an dealbhachadh a dh'aona-ghnothach airson leasachadh a thoirt air na sgilean labhairt Gàidhlig aca.
5.2	Thuige seo ann an seisean 2026/27, tha com-pàirteachadh làidir air a bhith ann le pròram Gàidhlig IPF-D 1+2 air feadh na Gàidhealtachd. **Pròiseact Leasanan Blasad Fèisgoil** Gheibh 28 clasaichean air feadh 15 bun-sgoil ann an Sgìre a' Mheadhain is anns an Sgìre a Deas ochd seachdainean de leasanan Gàidhlig. Air an lìbhrigeadh le oidean ionadail aig a bheil Gàidhlig, bheir na seiseanan seo seachad cothroman cultarail luachmhor, fhad 's a tha iad a' toirt taic do sgoiltean rannsachadh a dhèanamh air Gàidhlig mar roghainn cànain C3 aig a bheil structar is a tha adhartach. **Seiseanan Air-loidhne Beò** Tha fichead neach-teagaisg bho sgoiltean na Gàidhealtachd C3, cuide ris na clasaichean aca, air pàirt a ghabhail a h-uile seachdain ann an leasanan beò aig ìre luchd-tòiseachaidh. Tha na seiseanan tarraingeach seo fhathast a' tàladh luchd-teagaisg ùra is feadhainn a tha a' tilleadh. A' togail air an adhartas seo, tha 10 neach-teagaisg a bharrachd air clàradh airson pròram na h-Ìre-leudachaidh, a tha a' tòiseachadh san Dàmhair 2026. **Seiseanan Ionnsachadh-cànain às Dèidh na Sgoile** Bha 16 neach-teagaisg bho sgoiltean na Gàidhealtachd C2 agus C3 an làthair fad sia seachdainean aig a' phròram às dèidh na sgoile airson Gàidhlig ionnsachadh ann an Teirm 1. Tha tòrr a' daingneachadh an cuid ionnsachaidh tro bhith a' gabhail pàirt anns na leasanan beò còmhla ris na clasaichean aca. Bidh an dàrna ceum dhen phròram a' ruith airson sia seachdainean eile ann an Teirm 3. **Pròram Poidhleit Ùr airson P1–P3 Gàidhlig** Chaidh cùrsa Gàidhlig ùr air-loidhne a leasachadh airson sgoiltean C2, a' cuimseachadh air sgoilearan P1–P3. Thèid an cùrsa poidhleit seo, a mhaireas ceithir seachdainean is a tha clàraichte airson Teirm 2, a lìbhrigeadh le Gwen NicChrosain, le taic bhon Oifigear Gàidhlig 1+2 Chomhairle na Gàidhealtachd. Tro gheamannan, òrain is chur-seachadan eadar-ghnìomhach, ionnsaichidh sgoilearan mu chuspairean cànain cudromach, nam measg beannachdan, faireachdainnean, àireamhan is dathan. Thuige seo, tha 16 neach-teagaisg air an ainm a chur ris a' phròram ùr seo. Thathar dhen bheachd, leis an ùidh a th' air nochdadh ann, gun lean an cùrsa anns na

bliadhnaichean a tha ri thighinn, le cothroman leudachaidh ma bhios an comas ann airson sin a choileanadh. Tha grunn sgoiltean air ùidh a shealltainn ann a bhith a' leudachadh chothroman a thaobh na Gàidhlig do na sgoilearan as òige, an dèidh faicinn mar a chaidh gabhail ris gu misneachail leis na clasaichean as sine ann am pròram beò nan leasan. Math dh'fhaodte gun adhbharaich seo àrdachadh air an àireimh a ghabhas Gàidhlig mar chànan C2 sna sgoiltean, gu seachd àraid ann an sgìrean dùthchail.

Leasanan Aon-sheasmhach Beò
A thuilleadh air a' phròram bhunaiteach, thèid sreath de leasanan aon-sheasmhach beò a lìbhrigeadh tron bhliadhna, nam measg seiseanan air Rudan sa Chlas, Àm na Nollaig agus Ainmean-àite, le leasan eile san amharc nas fhaide air adhart san t-seisean. Tha na leasanan seo a' toirt cothrom cànan is cultar na Gàidhlig a rannsachadh tro chuspairean a tha taobh a-muigh pròram obrach Gàidhlig 1+2.

Dàta Gàidhlig 1+2

Sgìre	C2	C3	Eile	Gu h-Iomlan	Solar mar %
Meadhan	4	9	20	33	39%
Tuath	4	21	5	30	83%
Deas	0	25	25	50	50%
Iar	27	22	5	54	91%

Tha àrdachadh sònraichte air tighinn air an àireimh de sgoiltean a tha a' lìbhrigeadh na Gàidhlig mar chànan C3 san Sgìre a Tuath. Tha seo gu mòr air sàillibh a' chom-pàirteachais a th' againn le Fèisgoil tron phròiseact Blasad ann an Cataibh, agus a th' air a' chuibhreann de sgoiltean a tha a' tabhann Gàidhlig mar C2 no C3 àrdachadh bho 43% gu 83%.

Mar thoradh air a seo, tha an àireamh sa cheud de bhun-sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar chànan C2 no C3 air a dhol suas bho 57% gu 67% tro sheisean 2025/26. Tha seo an coimeas ri Comhairle nan Eilean Siar, aig a bheil 100% de bhun-sgoiltean le FtB agus a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar C2 no C3, is le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, aig a bheil 70% de bhun-sgoiltean ag ionnsachadh na Gàidhlig mar C2 no C3.

Tha seo a' riochdachadh adhartas leantainneach a dh'ionnsaigh Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1 sa Phlana Ghàidhlig, a tha ag amas air 70% de bhun-sgoiltean a bhith a' solarachadh na Gàidhlig mar C2 no C3 ro dheireadh ùine a' phlana.

Bidh soirbheas an adhartais seo an crochadh air na sgoiltean fhèin a' cumail orra a' lìbhrigeadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd a h-uile bliadhna, tro bhith ga teagasg san t-seòmar-theagaisg le luchd-obrach nan sgoiltean, no tro chom-pàirteachas sa phròram leasanan air-loidhne beò againn, cuide ri cothroman taice a bharrachd.

6.	**Foghlam Gàidhlig – Àrd-sgoil**
6.1	**Toraidhean Suirbhidh Àrd-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd**

	Chaidh an t-suirbhidh bhliadhnail seo a chur a-mach gu àrd-sgoiltean ann an Teirm 1 agus tha sinn toilichte gun do thill a h-uile sgoil iad. Tha seo a' leigeil leinn sùil a chumail air àireamh sgoilearan an dà chuid airson FtG agus FLI, agus cuideachd a' toirt cothrom do sgoiltean fios air ais a chur mu dhuilgheadasan sam bith a th' aca a thaobh lìbhrigidh. Tha seo air a chur ri chèile agus air a sgrùdadh airson tuigse ro-innleachdail.

GAELIC LEARNERS	S1	S2	S3	S4	S5	S6	2025/26	S1	S2	S3	S4	S5	S6	2026/27
Glenurquhart High School	0	0	0	0	0	0	**0**	0	0	0	0	0	0	**0**
Ardnamurchan High School	10	14	11	2	2	1	**40**	11	9	8	3	1	2	**34**
Dingwall Academy	51	26	8	8	4	1	**98**	29	19	1	8	0	3	**60**
Gairloch High School	17	18	6	2	1	0	**44**	10	18	8	1	3	5	**45**
Inverness Royal Academy	30	29	21	8	1	8	**97**	30	30	12	10	3	0	**85**
Kingussie High School	0	0	0	0	0	0	**0**	0	0	0	0	0	0	**0**
Alness Academy	81	99	8	8	0	0	**196**	59	62	0	0	0	0	**121**
Lochaber High School	115	127	87	59	0	0	**388**	118	121	100	41	4	7	**391**
Charleston Academy	118	128	28	11	2	2	**289**	141	116	42	19	0	1	**319**
Mallaig High School	17	15	0	0	2	0	**34**	14	12	16	0	0	0	**42**
Nairn Academy	106	124	1	0	0	0	**231**	140	96	2	2	0	0	**240**
Plockton High School	29	21	11	4	2	0	**67**	31	35	7	4	1	0	**78**
Portree High School	38	56	28	6	1	2	**131**	54	41	30	3			**128**
Tain Royal Academy	87	86	4	0	0	0	**177**	88	96	0	0	0	0	**184**
Thurso High School	0	0	0	0	1	1	**2**	0	0	1	0	0	1	**2**
Ullapool High School	9	10	2	0	0	1	**22**	18	10	7	0	0	0	**35**
Millburn Academy	17	13	9	27	11	3	**80**	21	22	11	14	12	4	**84**
Farr High School	16	15	0	0	0	0	**31**	17	15	15	0	0	0	**47**
Dornoch Academy	0	0	0	0	0	0	**0**	48	0	0	0	0	0	**48**
Kinlochleven High School	8	17	0	0	0	0	**25**	16	9	0	0	0	0	**25**
	749	798	224	135	27	19	**1952**	845	711	260	105	24	23	**1968**

DOWN
SAME
UP

	Tha na toraidhean seo a' sealltainn gu bheil àireamhan air àrdachadh beagan agus gu bheil iad seasmhach. Tha e misneachail a bhith a' faicinn fàs tarsaing uimhir de sgoiltean, agus mar eisimpleir Acadamaidh Dhòrnaich a' clàradh 48 sgoilear ann an S1 a' dèanamh Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh air an t-seisean seo.
6.2	**Toraidhean Teisteanasan Alba – A' Ghàidhealtachd** Thairis air Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, tha 20 sgoilear a bharrachd air deuchainnean Teisteanasan Alba fhaighinn aig Nàiseanta 5, Àrd Ìre agus Sàr Àrd Ìre ann an 2026.

	2026	2025	2024	2023
Gàidhlig N5	69	49	57	56
Gàidhlig À Ì	32	40	28	30
Gàidhlig S À Ì	10	11	13	8
L-I N5	74	74	55	46
L-I À Ì	29	20	15	15
L-I S À Ì	3	3	5	3

Thàinig àrdachadh susbainteach air an àireimh de thagraidhean airson Nàiseanta 5 Gàidhlig, bho 49 ann an 2025 gu 69 ann an 2026 (+41%), a' sealltainn gu bheil an àireamh de theisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig a' fàs aig an ìre seo.

	Dh'fhan Nàiseanta 5 Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig ìre sheasmhach aig 74, fhad 's a thàinig àrdachadh air Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig Àrd Ìre bho 20 gu 29 (+45%), a' sealltainn neart agus adhartas ann an slighean do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Ged a thàinig fàs air na ghabh pàirt ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig Àrd Ìre, thuit an àireamh de thagraidhean aig Àrd Ìre Gàidhlig bho 40 gu 32, agus tha na h-àireamhan airson Sàr Àrd Ìre fhathast ìosal san dà roinn. Tha seo a' sealltainn gum feumar adhartas a chumail suas aig an ìre as àirde, gu h-àraid ann an deuchainnean tro mheadhan na Gàidhlig.
6.3	**Sealladh Nàiseanta air Foghlam Gàidhlig nan Àrd-sgoiltean – Toraidhean TA**

	Gàidhlig N5	Gàidhlig À Ì	Gàidhlig S À Ì	Gàidhlig (L-i) N5	Gàidhlig (L-I) À Ì	Gàidhlig S À Ì)
A' Ghàidhealtachd	70	30	10	75	30	
CNES	40	10	5	20	15	
Earra-G & Bòid	15	10		20	5	
Baile Ghlaschu	55	45	5			
S Lannraig a Tuath	10					
S Lannraig a Deas	5					
Sruighlea	5					
Dùn Èideann	35	20				

Àireamh sgoilearan a fhuair teisteanasan nàiseanta, ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus ann an Gàidhlig ann an 2025/26 – air an cur suas chun a' 5 as fhaisge – Àireamhan Buileachaidh 2026 – Teisteanasan Alba)

'S ann sa Ghàidhealtachd a chaidh an àireamh iomlan as àirde a chlàradh thairis air na teisteanasan a th' air an sealltainn (215 tagraidhean), air thoiseach air Baile Ghlaschu (105), CNES (90), agus Earra-Ghàidheal is Bòid (50). Tha seo a' sealltainn gu bheil a' Ghàidhealtachd a' cur gu susbainteach ri teisteanasan Gàidhlig gu nàiseanta.

'S ann sa Ghàidhealtachd a tha an àireamh as àirde de thagraidhean an dà chuid airson Nàiseanta 5 Gàidhlig (70) agus Nàiseanta 5 Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) (75), a' sealltainn gu bheil sreath làidir de dhaoine òga ri sgoilearachd sa Ghàidhlig aig an ìre as àirde.

Ged is ann aig Baile Ghlaschu a tha an àireamh as àirde de thagraidhean airson Gàidhlig aig Àrd Ìre (45), 's e a' Ghàidhealtachd an aon ùghdarras ionadail a tha a' sealltainn com-pàirteachas àrd gu cunbhalach thairis air Nàiseanta 5, Àrd Ìre agus Sàr Àrd Ìre ann an teisteanasan FtG is FLI. Tha seo a' sealltainn gu bheil solar farsaing is stèidhichte ga thabhann sa Ghàidhlig, le cothroman làidir a thaobh adhartais.

	Tha Comhairle na Gàidhealtachd fhathast sa chiad àite am measg nan ùghdarrasan ionadail eile a chaidh ainmeachadh a thaobh teisteanasan Gàidhlig, leis an àireamh as àirde de chlàraidhean agus an com-pàirteachadh as làidire a thaobh Nàiseanta 5. Ged a tha cuid de dh'ùghdarrasan a' foillseachadh shoirbheasan àraid aig ìrean teisteanasan fa leth, tha na tha a' Ghàidhealtachd a' coileanadh air a riochdachadh an dà chuid le meud is farsaingeachd, le com-pàirteachas susbainteach thairis air gach teisteanas Gàidhlig a th' ann.
	Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine Ceann-latha: 26/10/26 Ùghdar: Ruairidh MacAoidh – Oifigear Leasachaidh Gàidhlig Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – Measadh Buaidh Amalaichte Eàrr-ràdh 2 –